

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An Gille agus an Gobha (1)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 687. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 383 corresponds to Litir 687.

Bha uaireigin gobha a’ fuireach air a’ Ghàidhealtachd. ’S e Iain an t-ainm a bh’ air. Bha bean aige air an robh Magaidh mar ainm. Bha i àrd agus caol agus bha snìomh aice na h-amhaich.

Bha Iain leisg agus bhiodh Magaidh an-còmhnaidh a’ trod ris. “Nach tèid thu don cheàrdaich, a-mach às mo rathad,” bhiodh i ag ràdh ris.

Agus bhiodh Iain a’ falbh don cheàrdaich far am faigheadh e fois. Bhiodh e an dòchas nach tigeadh duine no each na rathad, gus nach biodh aige ri obair a dhèanamh. Ach, latha a bha seo, thàinig fear òg, air an robh èideadh uaine. Bha e a’ giùlain boireannach òg air a ghualnean.

Chlisg Iain. “Dè nì mi dhut?” dh’ fhaighnich e dhen strainnsear.

“Uill, a ghobha,” ars am fear òg, “am faod mi d’ innean a chleachdadh?”

“Faodaidh,” thuirt Iain.

“Dèan suidhe,” thuirt am fear òg. Chuir e a làmh na phòcaid agus thug e a-mach còig buinn òir. “Pàighidh seo thu,” thuirt e. “Nise, tha mi a’ dol a thoirt rabhadh dhut. An rud a chì thu, na dèan thu fhèin e.”

Shuidh Iain. Chaidh am fear òg don innean leis a’ bhoireannach. Chunnaic Iain gun robh a ceann **tromach air shearrach no cùlaibh air beulaibh**.

“A bheil sgian agad?” dh’ fhaighnich am fear òg.

“Tha gu leòr air a’ bhalla,” fhreagair Iain.

“A bheil iad geur?”

“Tha iad an-còmhnaidh geur.”

Thagh am fear òg sgian mhòr. Chuir e ceann a’ bhoireannaich air an innean, agus gheàrr e dheth e. Thuit a bodhaig don làr. Cha robh boinne fala ann.

Thog am fear òg ceann a’ bhoireannaich. Chuir e don teine e. Dh’obraich e am balg-sèididh agus dh’fhàs an teine teth. An ceann ùine ghoirid, cha robh air fhàgail dhen cheann ach luathre bhàn.

Thog am fear òg an luathre bhon teine. Phronn e tuilleadh i gus nach robh ann ach duslach. Rinn e smugaid air an duslach. Shuath e le a làimhe e gus an robh e na thaois. Choisich e a-null do bhodhaig a’ bhoireannaich agus shuath e an taois air a h-amhaich. Agus – abair iongantais – nochd solas uaine air an taois. Dh’fhàs ceann ùr air a’ bhoireannach.

Bha Iain troimh-a-chèile leis na chunnaic e. Cha b’ urrainn dha a chreidsinn.

Choimhead am fear òg air. “Nise, a ghobha,” thuirt e. “Cuimhnich na thuirt mi. An rud a chunnaic thu, na dèan thu fhèin e.” Agus gun dad eile a ràdh, dh’fhalbh am fear òg agus am boireannach.

Goirid às dèidh sin, cò nochd anns a' cheàrdaich ach bean a' ghobha – àrd, caol agus snìomh na h-amhaich. “Seo srùpag dhut, a leisgeadair gun fheum,” thuir i ris an duine aice, “An robh thu a' dèanamh càil ach coimhead air an teine?” Bha i a' **dèanamh cànrán**, mar as àbhaist.

Chòimhead Iain air an t-snìomh ann an amhaich a mhnà. Chòimhead e air na sgeinean geura air a' bhalla. “Cuir an tì thall an sin air a' bheing,” thuir e, “agus trobhad an seo.”

“Dè tha thu ag iarraidh, a bhumaileir leisg?” thuir Magaidh.

Chuir Iain a ghàirdeanan timcheall a mhnà, agus thug e sgian far a bhalla. Agus chì sinn dè thachair an uair sin an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: gobha: *blacksmith*; èideadh: *clothing, uniform*; chlisg: *was startled*; pàighidh: *will pay*; rabhadh: *warning*; luaithe: *ash*; troimh-a-chèile: *confused and upset*.

Abairtean na Litreach: bha snìomh aice na h-amhaich: *she had a twist in her neck*; an-còmhnaidh a' trod ris: *always scolding him*; far am faigheadh e fois: *where he would get peace*; nach tigeadh duine no each na rathad: *that no horse or man would come his way*; nach biodh aige ri obair a dhèanamh: *that he wouldn't have to work*; a' giùlain boireannach òg air a ghualnean: *carrying a young woman on his shoulders*; dè nì mi dhut?: *what can [will] I do for you?*; am faod mi d' innean a chleachdadh?: *might I use your anvil?* còig buinn òir: *five gold coins*; na dèan thu fhèin e: *don't do it yourself*; an-còmhnaidh geur: *always sharp*; thuit a bodhaig don làr: *her body fell to the floor*; cha robh boinne fala ann: *there wasn't a drop of blood there*; dh'obraich e am balg-sèididh: *he worked the bellows*; phronn e tuilleadh i: *he ground it [even] more*; rinn e smugaid air an duslach: *he spat on the dust*; shuath e le a làimhe e gus an robh e na thaois: *he rubbed it with his hand until it became a paste*; abair iongantais – nochd solas uaine air an taois: *amazingly – a green light appeared on the paste*; cha b' urrainn dha a chreidsinn: *he couldn't believe it*; cò nochd anns a' cheàrdaich ach bean a' ghobha: *who appeared in the smiddy but the smith's wife*; seo srùpag dhut, a leisgeadair gun fheum: *here's a cuppa for you, you lazy layabout*; a' dèanamh cànrán, mar as àbhaist; *girling as usual*; chòimhead e air an t-snìomh ann an amhaich a mhnà: *he looked at the twist in his wife's neck*; cuir an tì thall an sin air a' bheing: *put the tea over there on the bench*; a bhumaileir leisg: *you lazy oaf*.

Puing-chànain na Litreach: **tromach air shearrach no cùlaibh air beulaibh:** *back to front*. Tromach air shearrach *appears in different forms and with subtly different meanings*. In *Carmina Gadelica (Vol VI)*, Carmichael gives bromach air tharrach ‘*topsy turvy, hurly burly, upside down [head over heels]*’ and lists the alternative forms bronnach air thorach, turach air thorach, tromach air thorach, turach air tharrach and truimeach air thearrach.

Father Allan gives the Eriskay form bronnach air shearrach ‘*helter-skelter*’ and the Canna form burraich air shearrach ‘*into complete confusion*’. Carmichael suggests the original might be dromach or dronnach from druim or dronn ‘*back*’ air tharrach (from tàrr ‘*belly*’).

Gnàthas-cainnt na Litreach: Bha i a' dèanamh cànrán, mar as àbhaist: *she was girning, as usual*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA